SABHAL MÒR OSTAIG
Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

Manaidsear Trusadh Oileanach

TIOTAL-OBRACH	Manaidsear Trusadh Oileanach
ROINN	Roinn Margaideachd agus Conaltraidh
AN URRA RI	Ceannard Margaideachd agus Conaltraidh
SGEÌLE THUARASTAIL	J1(22–28), £27,937 - £34,238 a rèir an eòlais (gabhaidh sinn ri iarrtasan pàirt-ùine neo làn-ùine)
PRÌOMH ÀITE-OBRACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ

Tha Sabhal Mòr Ostaig, Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, a' lìbhrigeadh foghlam, rannsachadh, trèanadh is chothroman eaconamach aig ìre eadar-nàiseanta.

'S e Sabhal Mòr Ostaig, a tha stèidhichte ann an Slèite an ceann a deas an Eilein Sgitheanaich, an aon ionad Foghlam Àrd-ìre is Leantainneach san t-saoghal a tha a' toirt seachad phròglaman ionnsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin ann an àrainn bhogaidh bheartach a thaobh a' chànain.

Tha cùrsaichean againn a fhreagras air a h-uile duine, eadar cùrsaichean cànain do luchd-tòiseachaidh is ceuman PhD, an dà chuid air an làraich is air astar, làn-ùine is pàirt-ùine. Bidh oileanaich aig a bheil ùidh anns a' Ghàidhlig is cultar nan Gàidheal a' dol bho neart gu neart le taic oidean dealasach air na cùrsaichean cliùiteach againn.

Bidh am Manaidsear Trusadh Oileanach a' lìbhrigeadh is a' toirt gu buil obair trusadh oileanach. Bithear ag obair an lùib sgioba beag airson Sabhal Mòr Ostaig a chur air adhart, aig ìre nàiseanta is eadar-nàiseanta, mar an t-àite dhan tigeadh oileanaich aig a bheil ùidh anns a' chànan is a' chultar.

PRÌOMH DHLEASTANASAN

- A' leasachadh is a' lìbhrigeadh Ro-innleachd Trusadh Oileanach.
- A' sònrachadh prìomh roinnean margaid far an tèid taghadh farsaing cùrsaichean, feartan àraid is feallsanachd an ionaid nàiseanta a bhrosnachadh.
- A' co-obrachadh le prìomh luchd-obrach an ionaid nàiseanta airson pròglam èifeachdach de ghnìomhan trusaidh a lìbhrigeadh am measg nam prìomh thargaidean (sgoiltean, oilthighean, fileantaich, agus luchd-ionnsachaidh air a leithid Duolingo) agus a' toirt chothroman seachad do luchd-ionnsachaidh a thighinn an sàs leis an ionad nàiseanta.
- Ag obair cuide ri co-obraichean san sgioba Mhargaideachd is Chonaltraidh airson fiosrachadh air cùrsaichean, tachartasan is naidheachdan a sgaoileadh tro dhòighean conaltraidh ùr-ghnàthach; agus a' leasachadh margaideachd an lùib ghoireasan air-loidhne is far-loidhne a b' urrainn sgaoileadh do sgoiltean is buidhnean eile a chumas taic ri obair trusaidh.
- A' leasachadh, an lùib na dreuchd, tuigse dhomhain air a' mhargaideachd a tha a dhìth a chumas taic ri trusadh oileanach.
- A' co-òrdanachadh thosgairean oileanach is cho-obraichean airson taic a chumail ri gnothaichean trusaidh is a' toirt seachad trèanadh mar as iomchaidh.
- A' cur eòlas air adhbharan, draghan is dòighean co-dhùnaidh nan oileanach dùbhlanach airson luchd-ionnsachaidh a thrusadh is a thàladh agus airson targaidean trusadh oileanach an t-Sabhail Mhòir a choileanadh.
- A' cumail sùil air obair ionadan eile agus gluasadan sa mhargaid.

A' COM-PÀIRTEACHADH:

- A' leasachadh is a' gleidheadh chom-pàirteachasan leantainneach le sgoiltean, ionadan is buidhnean eile.

- A' com-pàirteachadh leis an Roinn Thrusaidh is co-obraichean iomchaidh eile air targaidean trusaidh is feuman oileanaich dhùbhlanach.
- A' cur ri conaltradh leantainneach le oileanaich dhùbhlanach air feadh a' phròiseis thrusaidh agus a' cur ri tagraidhean, conaltradh is pròiseasan.
- A' leasachadh chom-pàirteachasan obrach èifeachdach le caochladh bhuidhnean a leithid UCAS is eile agus a' frithealadh thachartasan proifeiseanta iomchaidh.
- A' leasachadh siostam airson lìonraidhean alumni a chur gu feum air adhbharan trusadh oileanach.

TACHARTASAN

- A' lìbhrigeadh thachartasan beò is air-loidhne airson trusadh oileanach a thoirt am feabhas, a leithid Làithean Fosgailte is Làithean Luchd-tagraidh.
- A' co-òrdanachadh frithealachd an t-Sabhail Mhòir aig tachartasan trusadh oileanach a leithid òraidean, thaisbeanaidhean is fèilltean foghlaim, seiseanan beò air na meadhanan sòisealta is chothroman trusaidh eile (air-loidhne is aghaidh-ri-aghaidh) agus thursan do sgoiltean is oilthighean an dà chuid ionadail is eadar-nàiseanta, agus a' bruidhinn aig na tachartasan seo mar as iomchaidh.
- A' coinneachadh ri luchd-tadhail airson tursan is fiosrachadh a thoirt seachad is a' neartachadh eòlas air na tha ri fhaighinn aig Sabhal Mòr Ostaig.

MEASADH

- A' meas, a' sgrùdadh is ag aithris nan toraidhean an lùib obair thrusaidh airson cur ri targaidean is ro-innleachdan trusaidh san àm ri teachd.
- A' dèanamh cinnteach gu bheilear a' coileanadh amasan dèanadais is thargaidean gnìomh a thaobh roinnean sònraichte de thrusadh.

OBAIR SGIOBA

- Bidh thu nad làn bhall de luchd-obrach an Sgioba Mhargaideachd is Chonaltraidh agus ag obair cuide ris an sgioba air measgachadh de dh'eacarsaichean sgioba is ionnsachaidh, gnìomhan margaideachd is coinneamhan sgioba.
- A' co-obrachadh le roinnean eile cho math ris a' Chomann Alumni is Comann nan Oileanach.
- A' coileanadh dhleastanasan eile a rèir a' Cheannaird Mhargaideachd is Chonaltraidh.

SÒNRACHADH PEARSA

Tha sinn a' sireadh Manaidsear Trusadh Oileanach a tha air leth cruthachail is dealasach is aig a bheil eòlas margaideachd/trusaidh dearbhte aig ìre co-ionnan ris na tha an dùil san tuairisgeul obrach agus aig a bheil na feartan a leanas:

- Sàr sgilean conaltraidh is taisbeanaidh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla
- Eagraichte agus uabhasach math air cumail ri do chlàr-ama fhèin
- Dòigh chàirdeil is bhàidheil
- Math air dàta a thuigsinn is a sgrùdadh
- Math air fuasglaidhean a lorg
- Eòlas obrach air stiùireadh phròiseactan
- Nad bhall math sgioba agus math air obrachadh gun taic is air do cheann fhèin
- Ùidh ann an, agus eòlas air, saoghal Foghlam na Gàidhlig agus Foghlam Àrd-ìre is Leantainneach
- Eòlas obrach air lìbhrigeadh ghnìomhan trusaidh gu h-àraid ann an saoghal an fhoghlaim
- Eòlas obrach agus comas dearbhte air co-obrachadh le daoine òga
- Eòlas obrach air dealbhadh is lìbhrigeadh thachartasan do dh'iomadh seòrsa chom-pàirtiche
- Eòlas obrach ann an trusadh oileanach
- Comas air bathar-bog/co-labhairt bhideo a leithid Teams is Zoom.
- Is math dh'fhaodte gum bi uairean-obrach sùbailte a dhìth airson taic a chumail ri obair trusaidh aig an deireadh-sheachdain is air an oidhche bho àm gu àm.
- Deònach a dhol a-null thairis agus a bhith ag obair taobh a-muigh nan uairean-obrach àbhaisteach.

'S i a' Ghàidhlig cànan obrach na Colaiste agus bidh sibh deònach agus comasach obair tro mheadhan na Gàidhlig gu làitheil. Tha cothroman trèanaidh ann gus na sgilean cànain agaibh a leasachadh. Bidh agaibh ri dhol tro Disclosure Scotland.

Tha tuilleadh fiosrachaidh agus tuairisgeul-obrach ri fhaighinn aig www.smo.uhi.ac.uk/obair no cuir fios gu eg1.smo@uhi.ac.uk

Bu chòir iarrtasan-obrach – litir agus cunntas-beatha - a chur gu obair@smo.uhi.ac.uk ro 5:00f 24/11/2022.